



# Leuman ann an cunnart



An teacs a Monica Hughes  
Dealbhan Robert McPhillips  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR




'S e leumadair a bha ann an Leuman.

Bha e toilichte sa mhuir.

Aon là bha Leuman a' snàmh  
às dèidh iasg.





Shnàmh Leuman sìos agus sìos.

Chunnaic e iasg.

“Ithidh mi an t-iasg seo,” thuirt e.



Shnàmh Leuman sìos, sìos, sìos.


Chunnaic e giobnach.

“Ithidh mi an giobnach seo,” thuirt e.






Ach an sin chunnaic Leuman lìon.  
Chaidh an lìon thairis air Leuman.



Dh'fheuch Leuman ri faighinn às an lìon.  
Dh'fheuch e ri dhol suas.



Dh'fheuch e ri dhol sìos.  
Ach cha b' urrainn dha faighinn às an lìon.





Bha Leuman brònach.

“Dè nì mi?” thuir e.

“Chan fhaigh mi às an seo.”



An uair sin choimhead Leuman suas  
agus chunnaic e dàibhear.

Chunnaic an dàibhear Leuman anns an lìon.





Chaidh an dàibhear a-null gu Leuman.  
Rinn e toll anns an lìon  
gus Leuman a leigeil às.



Dh'fheuch Leuman ri faighinn às an lìon  
ach bha an toll ro bheag.





Ach rinn an dàibhear toll mòr  
gus Leuman a leigeil às an lìon.



Bha Leuman uabhasach toilichte.  
Bha an dàibhear toilichte cuideachd.  
Shnàmh iad a-mach gu muir.